
Semeastar 2 2010-11

BA Cànan is Cultar
BA Gàidhlig is Leasachadh

Tìotal a' Mhodail:	Bàrdachd Bho 1900	2
Còd a' Mhodail:	UQ508412	
Ceann-là	Diardaoin 26 Cèitean 2011	
Uair	0930-1130	

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a tha rim faotainn uile gu lèir airson a' mhodail.

Faodar na ceistean a leughadh 5 mionaidean ro thoiseach na deuchainn.

Faodar lethbhreacan de na dàin a rinneadh sa mhodal agus na leabhraichean An Tuil, An Aghaidh na Sìorraidheachd agus Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig a thoirt a-steach dhan deuchainn.

Faodar faclairan a chleachdadh.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha seachd ceistean san deuchainn seo. Feumaidh tu **dà** cheist a fhreagairt a-mach às na seachd ceistean seo agus bu chòir dhut mu **uair a thìde a chosg air gach ceist**.

Tha cudrom nan ceistean co-ionann.

Cuir an àireamh oileanaich agad agus àinm an ionaid-mheasaidh a-mhàin aig mullach gach duilleig.

Na cuir d' ainm air gin de na duilleagan.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu airson a bhith air an cunntadh.

Freagair DÀ cheist. Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no trì bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile gu lèir.

1.

Aon chuid

'Tha bàrdachd Ghàidhlig air a ceangal a bh' aice ri coimhearsnachd Gàidhealach a chall.' Dè an ìre aig a bheil seo fìor?

No

'Tha lagachadh ann an cultar na Gàidhealtachd ri fhaicinn tro bhàrdachd Ghàidhlig na linne seo.' Mìnich seo.

2.

Aon chuid

Canar 'bàrdachd an ath-bheothachaidh' ri obair nam bàrd ann an *Nua-bhàrdachd Ghàidhlig*. Dè bha seo a' ciallachadh?

No

'Bhiodh bàrdachd an ath-bheothachaidh a' coimhead air adhart a thaobh cruth ach air ais a thaobh cuspair.' Deasbair am beachd seo.

3. Mìnich ciamar a thèid dèiligeadh ri poileataigs ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900.

4. Thoir cunntas air meadarachd is sgeadachadh ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900.

5. 'Chan e pàirt cudromach a th' aig an t-samhlachas ann an libhrigeadh na teachdaireachd ann am bàrdachd na Gàidhlig bho 1900.' Deasbair seo.

6. Ciamar a bhios *aon chuid* eilthireachd *no gaol no cogadh* a' togail ceann mar thèama ann am bàrdachd an ath-bheothachaidh seach bàrdachd thradiseanta?

7. Ciamar a bhios seasamh nam boireannach a' nochdadh tro bhàrdachd Ghàidhlig bho 1900?